

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaile MG ALBA**

Oifisean a' BhBC, Glaschu

Dihaoine 11/11/16, 1115-1330

Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Donaidh MacAmhlaidh

**Luchd-obrach:** Dòmhnull Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)

Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd & Co-bhanntachd*)

Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*) Chris Dòmhnullach (*Stiùiriche Obrachaidh*)

Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

**Gnothaichean gnàthach**

**1 Leisgeulan**

Dùghall MacAmhlaigh agus Màiri Kidd.

**2 Gnothach Dearbhte**

Cha robh gin.

**3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 24/8/16**

Aontaichte.

**4 Gnothaichean ag èirigh**

Poileasaidhean – tha obair a' leantainn air ùrachadh/foillseachadh poileasaidhean na buidhne agus thèid fios a chumail ri buill na Comataidh. (Gníomh: MAMI)

**5 Plana Leantanneach Ghnothaich**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Obrachaidh iomradh air. Chaidh innse gun deach deuchainn neo-eisimeileach a chumail air 22/8/16 agus bha an t-eòlaiche agus an Sgioba Àrd-stiùiridh toilichte leis mar a chaidh cùisean a làimhseachadh leis an luchd-obrach.

Chaidh a mhìneachadh gu robh an t-eòlaiche a bha os cionn na h-eacarsaich ag obair do Orbit Agency a bha air fhastadh ann an 2014 - an dèidh pròiseas solarachaidh gus seirbheisean comhairleachaidh corporra HR a libhrigeadh don bhuidheann.

Chaidh puing a thogail, ann a bhith a' coimhead ri uidheachaidhean aig lìre 3, far am faodadh duilgheadasan a bhith ann le siostaman togalaich, cho cudromach 's a tha e a bhith mothachail cho duilich 's a dh'faodadh a bhith uidheamachd ùr no 'back-up' fhaighinn ann an ùine ghoirid.

Bha a' Chomataidh riaraichte gu robhas a' làimhseachadh a' chùis ann an dòigh iomchaidh.

## **6 Sgrùdadh in-thaigh 2016/17 – Cost and Resources Management**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. Chaidh innse gur iad Wylie & Bisset a chaith am fastadh an dèidh pròiseas solarachaidh. Bha riochdairean bhon bhuidheann an làthair ann an oifis Steòrnabhaigh gus 'field work' a dhèanamh.

Dheigheadh dreach aithisg a chuaireachadh air an Sgioba Àrd-stiùiridh air 11/11/16 le dùil ris an aithisg dheireannach air 2/12/16. Dheigheadh taisbeanadh a thoirt don Chomataidh air deit iomchaidh. Bha na cosgaisean taobh a-staigh am buidseat a chaidh a chomharrachadh airson na h-obrach.

Bha buill na Comataidh riaraichte leis mar a bha cùisean air an làimhseachadh agus thigeadh an aithisg air am beulaibh aig àm iomchaidh. (Gníomh: NMG)

## **7 Plana Obrachaidh 2017/18**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air. Chaidh mìneachadh a thoirt seachad nach tigeadh fios bho Riaghaltas na h-Alba mu bhuidseat 2017-18 gu meadhan an Dùblachd agus ri linn sin nach fheumadh Plana Obrachaidh 2017-18 a bhith aig Ofcom gu deireadh an Fhaoillich 2017. Chaidh bruidhinn gu sònraichte air uidheachadh ionmhais na buidhne a thaobh dà ghnè, dràma agus spòrs, agus chaidh aontachadh dà phàipear a chuir air beulaibh bòrd MG ALBA air 23/11/16 – a) pàipear a' mìneachadh an t-slighe air adhart airson (i) dràma ann an diofar shuidheachaidhean ionmhasail agus (ii) na roghainnean innleachdail a bha mu choinneimh MG ALBA agus a' BhBC a thaobh ciamar a rachadh riochdachadh spòrs a lìbhrigeadh air BBC ALBA agus ciamar a bhiodh e air a mhaoineachadh leis a' cho-bhanntachd;

agus (b) pàipear a' mìneachadh ciamar, san àm ri teachd, as fheàrr as urrainn dhuinn prìomhachasan mòra ro-innleachdail aontachadh eadar na com-pàirtichean. (Gníomh: DC).

## **8 Plana Luchd-obrach 2017-18**

Bhruidhinn an t-Àrd-Oifigear ri buill a' mìneachadh an t-suidheachaidh. Aig an ìre seo chan eil comhairle oifigeil aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh poileasaidh thuarastail airson 2017-18, agus feumar feitheamh gus am bi Aithris an t-Fhoghair (Autumn Statement) agus buidseat Riaghaltas na h-Alba air foillseachadh.

Chaidh innse gu robhas an-dràsta a' foillseachadh dà obair (Oifigear Leasachaiddh + Oifigear Leasachaiddh airson nan Eilean Siar agus an Eilean Sgitheanaich). Dheigheadh obair Deasaiche Coimiseanaidh a shanasachadh a dh'aithghearr.

Chaidh aontachadh coinneamh shònraighe den Chomataidh a chumail san Fhaoillean 2017, a' coimhead ri Plana Luchd-obrach 2017-18 agus buidseatan a' Phlana Obrachaiddh 2017-18 mus biodh coinneamh den Bhòrd slàn ann aig deireadh an Fhaoillich. (Gníomh: DC)

Chaidh a chomharrachadh gu robh cuid de bhuidhnean NDPB an dùil a bhith a' toirt seachad fianais mu na buidseatan aca do Chomataidh Cultar, Turasachd, an Roinn Eòrpa agus Dàimhean an Taobh a-Muigh air 22/12/16.

## **9 Àrd-stiùirichean**

Bhiodh seo air a làimhseachadh leis a' Phlana Luchd Obrach san Fhaoillean 2017 (Action: MAMI)

## **10 Measadh Chunnartan**

Bha pàipear agus clàr nan cunnartan air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra. Bha am pàipear a' mìneachadh cunnartan an lùib a' cho-bhanntachd leis a' BhBC agus chaidh am pàipear a chomharrachadh.

Clàr nan Cunnartan – chaidh aontachadh àireamhan cuid de na cunnartan atharrachadh agus thèid iad seo an comharrachadh aig an ath choinneamh (Gníomh: NMG)

## **11 Aithisg HR**

Bha pàipear agus Aithisg Bhliadhnaill HR air beulaibh bhall agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air.

Am measg nam puingean còmhraidih bha:

*Làthaireachd* – rinnear moladh air cho àrd 's a bha làthaireachd luchd-obrach sa bhliadhna 2015-16.

*Creideas Nar Cosnaichean* - chaidh a chomharrachadh gu robh an aithisg a' sealltainn irean àrda de choileantachd agus tha a h-uile coltas ann gun urrainn am buidheann irean nas àirde a chosnad. Tha rannsachadh 2016 a' sealltainn nan cuspairean air am feum obair a dhèanamh.

*Structar luchd-obrach* – chaidh bruidhinn mu dheidhinn am fastadh agus na h-atharraichean a tha a' tachairt agus chaidh an organogram as ùire a shealltainn dhan Chomataidh. Tha obair fhathast a' dol air adhart agus nochdaidh dreachd deireannach airson 2017-18 air beulaibh na Comataidh san Fhaoilleach 2017. (Gníomh: DC)

*Co-bhanntachd BBC ALBA* – thèid an Aonta Laghail ùrachadh gus aithne a thoirt don Stiùiriche Ro-Innleachd agus Co-Bhanntachdan an àite Ceannard Phrògraman. (Gníomh: DC)

Chaidh an aithisg a chomharrachadh.

**12 Aithisg bhliadhnaill Slàinte & Sàbhailteachd agus Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd na buidhne**

Bha dreachd Aithisg bhliadhnaill Slàinte & Sàbhailteachd airson 1 Giblean 2015 gu 30 Samhain 2016 (18 mìosan), poileasaidh agus pàipearan fiosrachaидh eile air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Obrachaидh iomradh air.

Bha an Aithisg Bhliadhnaill a' dearbhadh gu bheileas a' coileanadh ar dleastanas a thaobh riaghailtean an Achd Slàinte is Sàbhailteachd san Àite-obrach 1974. Thathas a' dearbhadh gu bheil an àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir. Bha buill riaraichte leis an aithisg.

Thug an Stiùiriche Obrachaidh iomradh air Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd. Ann an co-theacsa nan duilgheadasan a bha air a bhith ann le togalach air mìl, chaidh aontachadh gum biodh e feumail nam biodh suirbhidh no pròiseas dearbhaidh ann mu àite sam bith a bha sinn an dùil gabhail air mìl, mus deigheadh cùmhnantan a chuir air dòigh, agus gum biodh comhairle laghail ann air gach cùmhnant.

Bha na buill riaraichte agus chaidh an dreachd as ùire den phoileasaidh aontachadh.

**13 Seirbheisean rola-pàighidh na buidhne (payroll services)**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. Bha moladh sa phàipear leantainn leis a' bhuidheann a bha an-dràsta a' lìbhrigeadh na seirbheis. Bha na buill riaraichte le seo agus chaidh seo aontachadh.

**14 Poileasaidh Àrainneachd**

Bha pàipear air beulaibh a' mìneachadh cho èifeachdach 's a bha am buidheann a thaobh eimisean carboin ri linn 's gun robh am buidheann stèidhichte air eilean, a dh'aindeoin am feum air siubhail adhair. Thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air an sin. Chaidh obair a bharrachd a dhèanamh air briathrachas a' phoileasaidh a' gabhail a-steach gu bheil am buidheann gu cunbalach a' coimhead ri modhan-obrach a dh'fhaodadh atharrachadh gus eimisean carboin a lùghdachadh gun a bhith a' toirt cus buaidh air èifeachdas obrachaidh no seasamh agus cliù na buidhne, le iomradh dha thoirt air gu bheil prìomh oifis na buidhne stèidhichte ann an Steòrnabhagh agus thathas a' gabhail ris gum bi e do-sheachanta gum bi feum gu ìre air siubhal adhair. Chaidh còmhradh a chumail agus chaidh innse gun dèanadh an Sgioba Àrd-stiùiridh cinnteach gum biodh na targaidean lùghdachaidh sa Phlana Obrachaidh iomchaidh agus nach biodh iad a' cur lìbhrigeadh obair na buidhne ann an cunnart. Bha a' Chomataidh riaraichte le seo.

**15 Poileasaidh Cairtean creideis**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. Chaidh aontachadh gun deigheadh lèirmheas a dhèanamh leis an Sgioba Àrd-stiùiridh a thaobh cairtean creideis agus gun tigeadh na co-dhùnidhean air ais chun Chomataidh sa Ghearran 2017 (Gniomh: NMG)

**16 GISBE**

Cha robh gin.

**Pàipearan fiosrachaidh**

Chaidh iad seo an comharrachadh

**Deit na h-ath choinneimh – TBC ach 10/1/17, Glaschu**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*